

Candidate 1 evidence

Sgeulachd a' Bhodaich

Thogadh e air toinn a' Chuain Sgìth. B'urrainn dha snàmh mus am b'urrainn dha coiseachd air talamh. Rugadh e le sàl na fhuil, sgadan na stamag is bha a'mhuir mar bhean dha. Bha Calum MacGriogair air a bhrèith ann an 1942 air Eilean beag air oir-thìr san iar-thuath de dh'Alba. 'S e Calum am mac a b'oige a-mach à coignear 's mar sin bha e cleachdte ri sabaid is trioblaid. Bha a theaghalch suidhichte air oir an eilein, cha mhòr nach robh iad a'fuireach air a'chlach ge-tà. Bha a'chuan mar nàbaidh dha is 's e doigh a bh'ann airson teicheadh bho cripleachadh an taigh aige a bh'ann. Bhiodh e a'coimhead a-mach air a' mhuir ghoirm ghlas is a' toirt an eadhar sàillte a-steach na shròn.

Choimhead mi air coltas an aodainn aige. Bha e air tuiteam. Chunnaic mi pàirt dhen sùil a'gleansadh ann an solais an rùm, deòir a chum e a-steach. Dh'innis e dhomh mu na cuimhneachan a bh'aige air an eathar bheag ghorm, far am biodh e fhèin is athair a' dol a-mach a dh'iasgach. Bhiodh iad a'suidhe ann an sàmhchair airson uairean a thide gus an glacadh iad trosg a choireigin is biodh iad a' dèarrsadh le sonas. Nuair a thilleadh iad dhachaigh bhiodh e cho moiteil air. Thuirt e rium gun robh na cuimhneachan sin, na cuimhneachan a b'fheàrr is prìseil a bh'aige de athair.

Bha athair ag obair mar iasgair dìreach ri taobh an taigh aca. Bha an uisge làn de iomadh diofar seòrsaichean de chreutaran na mara. 'S e gaisgeach a bh'ann a'tilleadh dhachaigh gach latha le dhà na trì pocanan làn bhìdh. Bha e ainmeil mun cuairt an eilein is bha deagh fhios aig gach neach a'fuireach an sin mu dheidhinn. Bha Calum a'coimhead air le urram uabhasach làidir, is le sin bha e cinnteach air dè na bha e airson a'dhèanamh mar obair nuair a dh'fhàs e na bu shine, mar a shìn-sheanair, a sheanair, athair agus a-nis e fhèin, bha Calum airson a bhith na ghaisgeach. Bha e airson a bhith na iasgair.

Chuir e an cupa teatha sìos air a'bhòrd is choimhead e orm le gàire chòibhneil. Bha mi airson barrachd fhaighinn a-mach mu dheidhinn, cha b'urrainn dhomh stad a chur chèistean air. Thuirt e gun robh ceangal sònraichte eadar e fhèin is a'mhuir, gun robh e air a tharraing a-steach mar gun robh ròpa air a'glacadh is ga shlaodadh a-steach.

“Dè mu dheidhinn na bràithrean is na peathraichean agad?” dh’fhaighneachd mi.

“Uill, dh’fhàg iadsan airson a mhòr-thìr airson obair a lorg, mar a mhòr chuid de dhaoine air an eilean bha iad a’ faireachdainn iomallach, a’ fuireach air an eilean bheag ud, ‘S mar sin dh’fhag iad uile is cha do thill iad air ais. Cha robh iad airson tilleadh dhan àite far nach robh bùithtean is airgead rin lorg, is bha iad airson dìochuimhneachadh mun bheatha iomallach aca. Bha a’ mhòr-thìr air an inntinn aca atharrachadh mun dachaigh aca. Is bha mise nam aonar, ach bha mi a’ dèanamh an rud a bha còrdadh rium nas motha na rud sam bith eile san t-saoghal seo.”

Dh’innis am bodach sgeulachd dhomh mun àm a chaidh e fhèin sa theaghlach a-mach a’ snàmh san uisge. Bha iad a’ seasamh air a’ cheidhe, a’ coimhead sìos air a’ Chuan gorm glas. Bha e mu chòig bhliadhna a dh’aois is ag ionnsachadh ri snàmh. B’ e latha samhraidh a bh’ann, thuirt e, dh’fhaodadh tu faicinn mìle sìos gu grunn na màra. Bha e coltach ri glainne. Bha na casan aige crochte thairis air oir a’ chidhe. Bha an cridhe aige a’ ruith cho luath is làidir gun robh e ga faireachdainn a bualadh a-mach às a chorp. Phut a bhràthair a dhruim is thuit e a-steach. Bha e a’ faireachdainn mar bhalla air a’ cruthachadh a-mach à cloich, bha e cho fuar. Bha e a’ leumadaich mun cuairt, ann an èiginn, cha b’urrainn dha a cheanna chumail thairis air uachdair an uisge, ach chaidh uine seachad is dh’ionnsaich e ciamar a b’urrainn dha na casan aige gluasad san t-uisge is na làmhan aige gluasad san dòigh chèart. Thuirt e rium nach dìochuimhneachadh e an latha ud idir is bhon uair sin b’urrainn dha snàmh mar na sgadan siubhlach.

Gach turas a bhruidhinn e air a’ chuan, is thog e air a’ mhuir bòidheach aige, mhothaich mi gun robh bròn a’ choireigin air tuiteam air aodann, mar gun robh an cuspair seo a’ fosgladh doras piantail gu math domhainn dha. Bhiodh e a’ dealbhachadh na mara mar an àite a bu bhoidheche san t-saoghal. Ach carson a thòisich na sgothan seo a cruinneachadh thairis air a bhodhaig gach turas a bha an cuspair a’ nochdadh?

Dh’ionnsaich mi mun bheatha a bh’ aige nuair a bha na inbheach òg, an t-am a bha e mar athair – gaisgeach an eilein. Mu na diofair seòrsaichean de èisg, trosg, crùbag, sgadan.

Coltas a' bhàta ùr aige. Am moit a bh'aig athair air nuair a dh'fhàs e bochd. Bha Caluim pròiseil air e fhèin sa bheatha is ged a bha e a' fuireach na aonar bha e a' faireachdainn nas fhaisge air an eilein na bha e air faireachdainn riamh.

Ach thàinig an t-àm far an do dh'fhàs an t-eilein seann, dh'fhàg a' mhòr chuid de na daoine airson nam bailtean ùr spaideil air a' mhòr-thìr is beag air bheag cha robh mòran a' coimhead air an eilein mar dhachaigh. Gach latha a chaidh e a-mach, bha an t-uisge soilleir prìseil aige air atharrachadh beagan a bharrachd mar gun robh dorchadas a' choireigin air a lìonadh. Dh'innis e dhomh mun fhuaim ud. An fhuaim a chur an t-eagal air na h-eòin is chur fàileadh de cheimigean san adhar. Chunnaic e na bàtaichean mòr cumhachdach a-mach air faire na -uisge. Ghoid iad na h-èisg is mhuirt iad beairteas a' chuain.

Sheall mi air aodann. Bha sàl na shùilean, a' dortadh. "Ghoid iad mo bheatha, dualchas mo theaghlaich, an gaol agam."

Mar aon de mhuinntir nan eilean mu dheireadh a bha fuireach ann fhathast bha feum air falbh is fàgail. Bha an t-uisge brèagha aige air a thionndaidh dubh le ola, is dh'fhalbh na beathaichean mar a dh'fhalbh na daoine.

Cha d' thuir mi smid. Bha mi a' faireachdainn tàmailteach air a shon, na bha e air chall. Bha mi a' faireachdainn ciòntach airson a' chuspair a thogail, a bha cho faisg air a chridhe. Bha mi airson a h-atharrachadh an fhaireachdainn san rùm sin, "A bheil sibh airson briosgaid fhaighinn?"

"Thalla dhan phreasa a ghaoil," thuir e a' gaireachdainn orm.

Sheas mi le speird de shonas, air sgàths gun do dh'atharraich mi an cuspair. Chaidh mi a-steach dhan chidsin fhathast a' faireachdainn brònach airson mo sheanair. Dh'fhosgail mi a phreas, is chunnaic mi Cana de sgadan na laighe air mo bheulaibh, air a riochdachadh le companaidh bìdh mòr, 'Bho Eileanan Alabanaich san tuath.'